

# BLITZ BHRUACH CHLUAIDH

'S e giorrachadh air Blitzkrieg, a tha a' ciallachadh cogadh dealanach leis gu bheil e cho luath, a th' ann am Blitz. Thòisich Blitz Bhruch Chluaidh aig 9.10f Diardaoin 13 Màrt agus mhair e gu 6.20m madainn Dihaoine.

Tron latha, dh'fhàg mòran dhaoine Bruach Chluaidh air sgàth nam bomaichean agus bha daoine le màileidean nan sreathan a' feitheamh bhusaichean. B' e 'trekking' a bh' air a seo. Feasgar Dihaoine, ràinig na bomairean aig 8.35f agus dh'fhàg iad aig 2.27m madainn Disathairne, a' tilleadh eadar 4.10m agus 5.30m.

Cha robh ach seachd taighean ann am Bruach Chluaidh air am fàgail gun mhilleadh idir, ach cha tug e cus buaidh air gnìomhachasan an àite, mar John Brown agus Singer. Thuirt Oifis na Dùthcha gun do bhàsaich mìle neach, ged a tha connspaid air a bhith ann mun àireimh seo riamh on àm sin, agus gun deach mìle neach a dhroch leòn. Cha b' urrainn mòran de na mairbh a bhith air an tilleadh gu na càirdean agus na teaghlaichean aca agus chaidh an tiodhlacadh ann an Cladh Dhalnottar air 17 Màrt 1941.

**Tha tapachd shocair, sheasmhach nan daoine follaiseach, agus nuair a thèid an làn sgeulachd innse mun gaisgeachd an aghaidh an Luftwaffe, bidh àite aca ri taobh saoranaich Lunnainn agus Choventry.**

*Glasgow Herald, 18 Màrt 1941*

B' e an àireamh iomlan de shìobhaltaich Bhreatainn a chaidh a mharbhadh ann an ionnsaighean le bomairean san Dàrna Cogadh 60,595. Chaidh còrr is 750,000 de shìobhaltaich na Gearmailt a mharbhadh.

